

Comataidh Inbhean MG ALBA

BBC PQ, Glaschu

Diardaoin 5 Dàmhair 2017, 1000-1300

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Jo NicDhòmhnaill (*sa Chathair*) Magaidh Choineagan
Catriona Nic a' Phì Calum MacFhearghais
Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)
Màiri Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: Irial Mac Murchú (*Stiùrthóir Bainistíochta Nemeton TV*) - *airson puing 5*

Chaidh cuimhneachadh air Chrisella Ross, nach maireann. Bha Chrisella na caraid do mhòran agus na tosgaire airson na Gàidhlig agus airson sgrìobhadh. Chaidh co-fhaireachdainn a' Chomataidh a bhuileachadh air an teaghlach air fad.

1. Leisgeulan

Cha robh gin.

2. Gnothach Dearbhte

Catriona Nic a' Phì – fhathast a' feitheamh fios am bi i a' gabhail pàirt ann am prògraman Bees Nees, Device Squad.

Magaidh Choineagan - a) air pannal comhairleachaidh a' Mhinistear airson Slàinte agus Daoine Òga agus b) sa chathair air co-fharpais Sgiath Mhic Shimidh agus Thulaich Bhàrdainn aig a' Mhòd Nàiseanta airson Radio nan Gàidheal (maoinichte leis a' BhBC).

Jo NicDhòmhnaill - mhìnich Jo NicDhòmhnaill gum biodh i ag obair air sgrìobtaichean a' phrògram chloinne, Raven, airson BBC Gàidhlig (maoinichte leis a' BhBC) agus gum biodh i sa

chathair air farpaisean ullachaidh Buinn Òir an t- Seann Nòs aig a' Mhòid Nàiseanta airson Radio nan Gàidheal (maoinichte leis a' BhBC).

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 27/4/17

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

5. Spòrs

Tha Nemeton Scotland air a bhith ann an cùmhnant le MG ALBA bho 1/7/17 gus pasgan spòrs a libhrigeadh do BhBC ALBA. Bha Irial Mac Murchú, Stiúrthóir Bainistíochta Nemeton TV an làthair agus thug e seachad taisbeanadh mu obair agus lèirsinn na buidhne.

Thug buill taing seachad airson taisbeanadh misneachail, feumail. Bha buill riarachtaichte gu robhas air slighe mhath agus gu robhas dòchasach gun cuidich spòrs ann a bhith a' cur ri luchd-amhairc na seanail.

Chaidh taing a thoirt don sgioba in-thaigh airson an obair a chaidh a dhèanamh airson solaraiche spòrs fhadthad.

6. Leasachadh thàlant

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh mar a bha MG ALBA a' leasachadh thàlant tro dhiofar iomairtean agus chaidh còmhradh a chumail.

Chaidh a chomharrachadh gu robh an Sgeama Preantasachd ag obair gu math, le cothroman air leth a bhith ag obair le BBC Scotland agus le companaidhean neo-eisimeileach. Bithear a' beachdachadh air ciamar as urrainnear an sgeama a leasachadh.

A thaobh dioplòma Sabhal Mòr Ostaig, chaidh aontachadh, tron Bhuidheann Coimhearlachaidh Trèanaidh, measadh a dhèanamh air a' chùrsa, le cuideam dha chuir air an fheum airson sgilean cànan a leasachadh.

Chaidh aontachadh gu robh an t-uamhas obair mhath ga dhèanamh le na h-iomairtean leasachaidh agus gum biodh e iomchaidh an sgeulachd sin innse. (Gnìomh: IMT)

FilmG – chaidh innse gum biodh aon fhilm dha chraoladh aig àm na Nollaig air BBC ALBA, le ceithir no còig den fheadhainn as fhear a’ dol a-mach air an t-seanail seachdain cuirm FilmG 2018.

7. Ionnsachadh/LearnGaelic

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt iomradh air adhartas le LearnGaelic, le molaidhean airson aonta air slighean air adhart.

Chaidh innse gun deach fastadh a dhèanamh air neach, ann an co-bhann le Bòrd na Gàidhlig, gu dèanamh soilleir càite bheil beàrn ann an stuthan bho thoiseach tòiseachaidh ionnsachaidh gu ìre comais sa chànan. Chaidh an obair seo a dhèanamh ann an co-theacsa “Common European Framework of Reference for Languages” agus tha buill buidheann-stiùiridh LearnGaelic aontaichte air seo mar bhun-stèidh.

Chaidh aontachadh gluasad ann an aithghearrachd air plana-obrach – a’ gabhail suim de dè na stuthan agus dè na goireasan a tha a dhìth, a’ suidhe taobh a-staigh frèam-obrach, clàr-ama agus cosgaisean. Thig pàipear chun a’ Bhùird san t-Samhain. (Gnìomh: DC)

Chaidh taing a thoirt dhan Àrd-Oifigear agus co-obraichean airson an obair a chaidh a dhèanamh.

8. Rèidio

Bha pàipear air bheulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail.

Chaidh innse gu bheil àite cudromach aig rèidio ann an Ionnsachadh, Leasachadh Sgrìobhaidh agus tàlant ach gu bheil prìomhachas an-dràsta ga thoirt do Ionnsachadh.

Chaidh aontachadh co-obrachadh le Radio nan Gàidheal faic dè ghabhas a dhèanamh gus an t-seirbheis a leasachadh. Chaidh aontachadh sùil nas mionaidich a thoirt air i) sgeamaichean sgrìobhaidh mar Hi Wireless a dh’fhaodadh MG ALBA/BBC a dhèanamh air an ceann fhèin, taic ScreenHi/AC ann no às; agus (ii) buannachdan do rèidio bho iomairtean eile leithid sgeamaichean sgrìobhaidh son Bannan, agus toraidhean an sgeama sgrìobhaidh comadaidh.

Chaidh aontachadh fiosrachadh mu rèidio a tha an-dràsta ann an rannsachadh TRP fhaicinn ann an rannsachadh iomlan a' BhBC. (Gnìomh: IMT)

9. Lèirsinn 2021

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-innleachdail Lèirsinn 2021 agus chaidh còmhradh a chumail, le iomradh ga thoirt air na h-iomairtean a bha an sgioba a' cleachdadh gus na h-amasan a ruighinn.

Bha buill riarachta le lèirmheas nan oifigearan. Chaidh a chomharrachadh gu bheil lùghdachadh ann an àireamhan luchd-amhairc draghail ach le buaidh an Aonaid Dhidseataich, obair mhath Electrify agus clàr ùr de phrògraman, gu bheil dòchas gun tig buaidh air na h-àireamhan. Thèid coimhead ri bheil comas ann prògraman chloinne fhaighinn madainn Disathairne agus Didòmhnaich. (Gnìomh: IMT)

10. Aithisgean dèanadais Q1 2017/18

Chaidh iad seo a chomharrachadh.

11. GISBE

Cha robh gin.

12. Deit na h-ath choinneimh – 23/1/18, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: